Bòrd na Gàidhlig

| **Seirbheis Cùraim Nàiseanta do dh’Alba**<br>**Freagairt le Bòrd na Gàidhlig**<br>**02 Samhain 2021** | **A National Care Service for Scotland**<br>**Response by Bòrd na Gàidhlig**<br>**02 November 2021** |
| --- | --- |
| Is e Bòrd na Gàidhlig a’ phrìomh bhuidheann ann an Alba air a bheil dleastanas gus leasachadh Gàidhlig a chur air adhart agus gus comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba mu chùisean Gàidhlig. | Bòrd na Gàidhlig is the principal public body in Scotland responsible for promoting Gaelic development and providing advice to the Scottish Ministers on Gaelic issues. |
| Bu chòir mar a tha Riaghaltas na h-Alba a' dealbhadh Seirbheis Cùraim Nàiseanta do dh’Alba a bhith a' nochdadh nam poileasaidhean is geallaidhean aca a thaobh na Gàidhlig. | The Scottish Government’s design of a National Care Service should reflect its existing policies and commitments regarding the Gaelic language. |
| Tha Riaghaltas na h-Alba “ag aithneachadh gu bheil a’ Ghàidhlig na pàirt bhunasach de dhualchas, dearbh-aithne nàiseanta agus beatha chultarail na h-Alba”[1]. Tha e “fhathast dealasach a thaobh a bhith a’ toirt taic don Ghàidhlig agus ag amas air dèanamh cinnteach gu bheil an fheadhainn a tha airson Gàidhlig a chleachdadh nam beatha làitheil a’ faighinn cothrom sin a dhèanamh”[2]. Tha seo a’ toirt a-steach dealas airson “dèanamh cinnteach gu bheil luchd-labhairt na Gàidhlig ann an coimhearsnachdan eileanach air am brosnachadh agus a’ faighinn taic gus an riochdachadh fhèin tro mheadhan na Gàidhlig” [3]. | The Scottish Government “recognises that Gaelic is an integral part of Scotland’s heritage, national identity and current cultural life”[5]. It “remains committed to supporting the Gaelic language and aims to ensure that the those who wish to live their lives through the language are afforded the opportunities to do so”[6]. That includes a commitment to “ensure that Gaelic speakers in island communities are encouraged and supported to represent themselves through the medium of Gaelic”[7]. |
| ’S e prìomh amas a’ Phlana Cànain Nàiseanta Ghàidhlig 2018-2023[4] (PCNG) gum bi a’ Ghàidhlig ga cleachdadh nas trice, le barrachd dhaoine agus ann an raon nas fharsainge de shuidheachaidhean. Tha e a’ dol air adhart gu bhith ag aithris gu bheil “cùisean eile a’ toirt buaidh air a’ chuimse seo”. Tha iad sin a’ gabhail a-steach cùisean eaconamach | The National Gaelic Language Plan 2018-2023[8] has the overall aim that Gaelic “is used more often, by more people and in a wider range of situations”. It goes on to state that “other issues impact on this aim”. These include economic and infrastructural issues. The Plan notes the need to |

[1] https://www.gov.scot/publications/consultation-scottish-governments-draft-gaelic-language-plan-2021-2026/

[2] https://www.gov.scot/publications/consultation-scottish-governments-draft-gaelic-language-plan-2021-2026/

[3] https://www.gov.scot/publications/national-plan-scotlands-islands/documents
[4] https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2018/03/BnG-NGLP-18-23-1.pdf
[5] https://www.gov.scot/publications/consultation-scottish-governments-draft-gaelic-language-plan-2021-2026/

[6] https://www.gov.scot/publications/consultation-scottish-governments-draft-gaelic-language-plan-2021-2026/

[7] https://www.gov.scot/publications/national-plan-scotlands-islands/documents
[8] https://www.gaidhlig.scot/wp-content/uploads/2018/03/BnG-NGLP-18-23-1.pdf

Bòrd na Gàidhlig,
Taigh a’ Ghlinne Mhòir, Rathad na Leacainn,
Inbhir Nis, IV3 8NW

Bòrd na Gàidhlig,
Great Glen House, Leachkin Road,
Inverness, IV3 8NW

+44 [0] 1463 225454
oifis@gaidhlig.scot
www.gaidhig.scot

| | |
|---|---|
| agus bun-structarail. Tha am Plana a' toirt cunntas air an fheum a tha ann "dèanamh cinnteach gu bheil a' bhuaidh a tha aca air a' Ghàidhlig air aithneachadh agus gu bheilear a' dèiligeadh ris". | "ensure their impact on Gaelic is recognised and addressed". |
| Mar sin, nuair a thathar a' cruthachadh Seirbheis Cùraim Nàiseanta, feumar dèanamh cinnteach gun toir i seachad seirbheisean Gàidhlig do dhaoine aig aois sam bith tro luchd-obrach, faicsinneachd, agus cleachdadh a' chànain gu h-iomchaidh ann an àiteachan a tha iomchaidh agus ruigsinneach do theaghlaichean. | The development of a National Care Service therefore needs to ensure that it provides a service for Gaelic speakers of any age through appropriate staffing, visibility and use of the language in locations which are appropriate and accessible to families. |